

Your Coursework

Tionndadh Gàidhlig



Am fiosrachadh a dh'fheumas a bhith agad



An obair-chùrsa agad

Tha an leabhran seo ag innse dhut mu na dh'fheumas fios a bhith agad mud' obair-chùrsa.

Tha fiosrachadh agus riaghailtean riatanach ann a dh'fheumas tu a leughadh mus tòisich thu a' dèanamh obrach a thèid a chur a-steach airson comharrachaidh – eadhon ged a bhiodh tu air obair-chùrsa a chur a-steach anns na bliadhnaichean roimhe seo.

Tha e cudromach gun tuig thu na riaghailtean.

Tha iad ann gus dèanamh cinnteach gum bi measaidhean obair-chùrsa cothromach dhan a h-uile duine. Ma tha thu mì-chinnteach mu rud sam bith, bruidhinn ris an tidsear no an ris an òraidiche agad. Bidh iad cuideachd comasach air innse dhut mu na peanasan a dh'fhaodar a chur ort mura lean thu na riaghailtean.

Faodaidh tu cuideachd tuilleadh fiosrachaidh chuideachail a lorg aig [**www.sqa.org.uk/learners**](http://www.sqa.org.uk/learners)

Taic-measaidh a bharrachd

Ma dh'fheumas tu taic a bharrachd, faodar rèiteachadh sònraichte a chur air chois gus am bi cothrom ceart agad an t-eòlas a tha agad a shealltainn agus nas urrainn dhut a dhèanamh. Cha leig thu a leas bruidhinn ri SQA mun seo thu fhèin — nì an sgoil no a' cholaiste agad seo às do leth ma tha feum air. Ma tha thu airson tuilleadh fhaighinn a-mach mu na ceumannan measaidh a dh'fhaodadh a bhith freagarrach dhutsa, bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad.

Dè a th' ann an obair-chùrsa?

Tha diofar sheòrsaichean de dh'obair-chùrsa ann, nam measg tha pasgain-obrach, pròiseactan agus pìosan-obrach a chaidh a chur romhad. Bidh an seòrsa obair-chùrsa agad a rèir a' chùrsa a tha thu a' sgrùdadh.

Tha obair-chùrsa a' toirt cothrom dhut dearbhadh gu bheil thu eòlach air a' chuspair agad agus comharran a ghleidheadh a dh'fhaodadh eadar-dhealachadh mòr a dhèanamh don chomharra dheireannach agad.

Bidh riatanasan eadar-dhealaichte ann airson gach pìos den obair-chùrsa agad – innsidh an tidsear no an t-òraidiche agad mun deidhinn.

A' cur crìoch air d' obair-chùrsa

Tùsan-fiosrachaidh

Dh'fhaodadh gum bi cothrom agad mòran de thùsan-fiosrachaidh a chleachdadh mar thaic don obair agad — leithid leabhraichean, TBh agus an t-eadar-lìon. Tha a bhith a' cleachdadh tùsan-fiosrachaidh eadar-dhealaichte cuideachd mar dhòigh mhath air ionnsachadh.

Tha e cudromach gum bi fios agad nach urrainn dhut leth-bhreas a dhèanamh de stuthan bho thùsan-fiosrachaidh agus an cur a-steach mar gur e d' obair fhèin a th' ann. Feumaidh tu innse cò às a thàinig a h-uile stuth bho thùsan-fiosrachaidh agus an clàradh gu soilleir gus am bi e aithnichte dè an obair nach buin dhut fhèin.

Is urrainn an tidsear no an t-òraidiche agad innse dhut mar a nì thu seo, ach seo dhut beagan stiùiridh:

- Cuir “cromagan turrach” timcheall teacsa sam bith a thàinig à tùsan-fiosrachaidh eile agus seall gu soilleir dè na tùsan-fiosrachaidh a th' ann.
- Cuimhnich air diagram no dealbh sam bith a bha thu air a chleachdadh — feumaidh tu comharrachadh cò às a thàinig iad cuideachd.
- Cruthaich leabhar-chlàr (liosta de thùsan-fiosrachaidh a chleachd thu) ma dh'fheumas tu fear — cuir sin aig deireadh do chuid obrach.



A' cur crìoch air d' obair-chùrsa

Mèirle-sgrìobhaidh

Chan fhaod thu toirt a chreidsinn gur e d' obair fhèin a th' ann an obair dhaoine eile. Nuair a chanas tu gur e an obair is na beachdan agad fhèin a th' ann an obair is beachdan dhaoine eile, canar mèirle-sgrìobhaidh (no 'plagiarism') ri sin, agus 's e cealgaireachd a th' ann.

Mura h-innis thu mu na tùsan-fiosrachaidh san obair-chùrsa agad, 's e mèirle-sgrìobhaidh a th' ann an sin cuideachd.

Chan e d' obair fhèin a th' ann:

- ma tha cuideigin eile air obair a dhèanamh air pàirt dhith no air an obair gu lèir
- ma chaidh an obair a dhèanamh le tagraiche eile, bràthair, piuthar, caraid, no duine sam bith a rinn obair-chùrsa den leithid roimhe
- ma chaidh an obair a dhèanamh mar eisimpleir leis an tidsear no an leis an òraidiche agad
- ma tha thu air a thogail à leabhar, làrach-lìn no stòr aistidhean

Dèan fhèin e

Ma tha thu air a bhith ag obair le daoine eile nuair a bu chòir dhut a bhith ag obair air do cheann fhèin, canar cealg-chòrdadh ("collusion") ri sin. Tha seo a' gabhail a-steach a' toirt cuideachaidh do dhaoine, a' faighinn cuideachaidh, agus a' roinn fhaclan-faire, fhaidhlichean agus obair-phàipeir le daoine eile.

Tha gach duine a thèid an sàs ann an cealg-chòrdadh a' briseadh nan riaghailtean — chan e dìreach an duine a dh'iarr cuideachadh. Ma dh'iarras tagraiche eile ort a chuideachadh, bu chòir dhut moladh dha bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche.

Ma tha thu ag obair mar phàirt de bhuidhinn (m.e. air pròiseact buidhne), feumaidh tu dèanamh cinnteach gur e an obair agad fhèin a th' anns an obair sgrìobhte

a chuir thu a-steach mar phàirt den obair-bhuidhne.

Ma tha duilgheadas agad le obair-chùrsa, gheibh thu a' chomhairle as fheàrr bho na tidsearan agus na h-òraidichean agad.

Cànan is sgrìobhadh

Thathar an dùil gun toir a h-uile duine a chuireas obair-chùrsa a-steach urram do thagraichean eile, do thidsearan, do dh'òraidichean, do luchd-comharrachaidh agus don SQA. Na cuir cainnt no ìomhaighean nad obair a tha mì-mhodhail, tàireil, oibheumach no a tha dèanamh leth-bhreith — ma nì thu sin, nì luchd-comharrachaidh sgrùdadh air.

Cuimhnich gum feum obair-chùrsa sgrìobhte a bhith comasach a leughadh. Nì luchd-comharrachaidh nas urrainn dhaibh airson d' obair a leughadh ach is dòcha nach bi e comasach dhaibh comharran a thoirt seachad ma tha do sgrìobhadh duilich a leughadh.

Àireamh fhacal

Ma tha an àireamh fhacal as àirde air a comharrachadh san obair-chùrsa agad, feumaidh tu an-còmhnaidh cumail ris an riatanas seo. Tha e cudromach nach tèid thu thairis air an sin.

Duilleagan-ghoireasan

Thèid cuid a mheasaidhean airson obair-chùrsa a dhèanamh ann an suidheachadh far a bheil thu ag obair fo riaghailtean sònraichte agus faodaidh tu duilleag-ghoireasan a chleachdadh. Uaireannan canar fianais bho rannsachadh no fiosrachadh air obrachadh a-mach ri duilleagan-ghoireasan.

Feumaidh tu a bhith eòlach air na riaghailtean airson a bhith a' cleachdadh agus a' cur a-steach dhuilleagan-ghoireasan, agus dèan cinnteach gun lean thu na riaghailtean sin. Is urrainn don tidsear no don òraidiche agad innse dhut mun deidhinn.

Na feuch idir e — chan eil e doirbh mèirle-sgrìobhaidh is cealg-chòrdadh aithneachadh

- Tha tidsearan agus òraidichean eòlach air an obair agad agus aithnichidh iad nuair a tha stoidhle sgrìobhaidh agus na dòighean sa bheil thu a' cleachdadh cainnt ag atharrachadh.
- Tha luchd-comharrachaidh mion-eòlach air a' chuspair aca agus mar sin bidh iad eòlach air ìomadh tùs-fiosrachaidh.
- Bidh an SQA a' cleachdadh bathar-bog a dh'aithnicheas mèirle-sgrìobhaidh agus cealg-chòrdadh. Bidh am bathar-bog seo a' maidseadh abairtean is teacsa a chaidh a thogail ris na tùsan às an tàinig iad.

A' cur a-steach d' obair-chùrsa

Coimhead air an obair agad

Mus cuir thu d' obair-chùrsa a-steach, feumaidh tu deagh shùil a thoirt oirre agus dearbhadh:

- gur e an obair agad fhèin air fad a th' ann, agus gu bheil a h-uile tùs-fiosrachaidh air a chomharrachadh agus air a chlàradh gu soilleir
- gu bheil obair sam bith a tha thu a' cur a-steach bho bhliadhnaichean roimhe seo a rèir nan riaghailtean cuideachd
- nach eil cainnt no ìomhaighean mì-mhodhail, tàireil no oilbheumach ann
- gu bheil thu air an obair-chùrsa agad a chriochnachadh a rèir nan stiùiridhean a fhuair thu bhon tidsear no bhon òraidiche agad

Cinn-latha

Tha e cudromach gun tèid d' obair a chur a-steach ann an deagh àm.

Ainmichidh an tidsear no an t-òraidiche agad na cinn-latha agus tha e an urra riut fhèin dèanamh cinnteach gun cùm thu riutha. Is e an dòigh as fheàrr air seo a dhèanamh a bhith ag amas air d' obair a chur a-steach ron cheann-latha.

A rèir dè an seòrsa obair-chùrsa anns a bheil thu an sàs, bu chòir dhut a sealltainn don tidsear no don òraidiche fhad 's a tha thu ag obair oirre. Bidh seo na chuideachadh ann a bhith a' dèiligeadh ri cuspairean sam bith a bhios ag èirigh, a chuidicheas tu le bhith a' faighinn gach nì deiseil ann an deagh àm. Bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad gus faighinn a-mach dè an seòrsa taice as urrainn dhaibh a thoirt dhut.

Às bith dè a nì thu, na bi fo mhòr-uallach ma tha thu ga fhaighinn doirbh cumail ri ceann-latha. Bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad feuch dè ghabhas dèanamh gus do chuideachadh.

Dearbhadh

Iarraidh an sgoil no a' cholaiste agad ort d' ainm a chur ri dearbhadh mus cuir thu d' obair-chùrsa a-steach chun an SQA airson comharrachadh. Tha e glè chudromach gu bheil thu a' tuigsinn an dearbhaidh seo. Feuch an toir thu deagh shùil air an-dràsta agus faighnich den tidsear no den òraidiche agad mu rud sam bith mu nach eil thu cinnteach.

Tha mi a' dearbhadh:

- *gu bheil mi air leabhran an SQA An Obair-chùrsa Agad a leughadh agus tha mi a' tuigsinn na tha ann*
- *gu bheil mi a' tuigsinn gum faod an SQA peanasan a chur air duaisean thagraichean far nach deach na riaghailtean anns an leabhran An Obair-chùrsa Agad a leantainn*
- *gur e an obair agam fhìn air fad a th' anns an obair-chùrsa a tha an lùib an dearbhaidh seo, agus gu bheil a h-uile tùs-fiosrachaidh air a chomharrachadh agus air a thaisbeanadh gu soilleir*
- *gu bheil mi a' tuigsinn gun tèid an obair-chùrsa seo a chur a-steach don SQA airson comharrachadh*

Ma tha thu an dùil do chuid obrach fhoillseachadh no a roinneadh air-loidhne, feumaidh tu seo a thoirt gu aire do sgoile no do cholaiste.



Dè ma bhriseas tu na riaghailtean?

Ma thèid na riaghailtean sin a bhriseadh, dh'fhaodadh am peanas a bhith trom. Ma sheallas rannsachadh gu bheil thu air riaghailtean sam bith a bhriseadh, faodar peanas a chur ort.

Bidh ìre a' pheanais a rèir dè cho dona sa tha a' choire — thig an SQA gu co-dhùnadh mun seo.

Tha raon nam peanasan a' toirt a-steach na leanas:

- Dh'fhaodadh gun tèid na comharran agad a lùghdachadh — no gum faigh thu neoni.
- Dh'fhaodadh gun caill thu an teisteanas agad airson a' chuspair.
- Dh'fhaodadh gun caill thu a h-uile teisteanas agad airson na bliadhna air fad.

Ma chumas tu ris na riaghailtean agus ma nì thu an rud ceart daonnan, cha leig a leas dragh a bhith ort mu na peanasan sin.



Tha a h-uile duine ag iarraidh gun còrd na cùrsaichean agad riut agus gun soirbhich leat. Cuimhnich gu bheil na tidsearan agus na h-òraidichean agad ann airson do chuideachadh agus faodaidh tu an-còmhnaidh bruidhinn riutha airson comhairle.

Cuimhnich

- ✓ Thoir iomradh air a h-uile tùs-fiosrachaidh
- ✓ Thoir sùil air d' obair mus cuir thu a-steach i
- ✓ Cuir d' obair a-steach ann an deagh àm
- ✓ Dèan fhèin e

- ✗ Na dèan leth-bhreac de dh'obair neach eile
- ✗ Na cleachd facail no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàireil no oilbheumach

Your Coursework

Tionndadh Gàidhlig

